





# Each Uisge

## Dè th' ann an each-uisge?

'S e seann uilebheist a th' ann an each-uisge. Bidh iad a' fuireach air a' Ghàidhealtachd, ann an lochan dubha domhainn. Nuair a tha iad faisg air uisge, bidh cruth uilebheist orra. Ge-tà, nuair a bhios iad air tìr a-mach às an uisge, atharrachaidh iad an cruth, is gum bi nas coltaiche ri each àbhaisteach, no mar duine mhaiseach a tha tarraingeach do chaileagan.

## A bheil iad coltach ris na Kelpies?

Is dòcha, ma robh sibh faisg air Fìobha riamh gun cuala sibh mu dheidhinn na Kelpies. Tha na Kelpies gu math coltach ri eich-uisge, ach mar is trice, gheibh sibh lorg air Kelpies ann an aibhnichean is sruthan, an àite lochan mòr. Tha feadhainn eile a tha càirdeach ris an each-uisge, mar an Nuggle, no an Shoopletee ann an Sealltainn, an Tangie ann an Arcaibh, Cabbyl-Ushtey anns an Eilean Mhanainn. Ach cuideachd, nas fhaide air falbh anns a' Ghearmailt, An Lochlann, Astràilia agus Ameireagaidh tha diofar seòrsa each-uisge acasan uileadh. Nach eil e iongantach gu bheil an aon seòrsa biast ann an cultaran eile air feadh an t-saoghail!

## A bheil iad ann an sgeulachdan?

Tha pailteas de sgeulachdan ann mu dheidhinn na h-eich-uisge, is cuid a tha eagallach. Tha mòran sgeulachdan ag ràdh ma thèid sibh ro fhaisg orra, gun urrainn dhaibh ga do ghlacadh is gad tharraing sìos is a-steach dhan loch - a dhial!

Cùmaibh sùil a-mach ge-tà, oir nuair a bhios iad ann an cruth dhaoine, chì sibh gu bheil feamainn anns an fhalt aca, poll a' chladaich air an aodann, no crubhan-eich an àite casan!

Tha Cnoc na Bèist (Hillock of the Monster) ann an Leòdhas ainmichte air sàilleabh sgeulachd each-uisge a thachair an sin. Tha an stòiridh a' dol gun do mharbh cuideigin an t-each-uisge às dèidh dha feuchainn ri piuthair an duine seo a tharraing gu Loch a' Mhuileinn. Oh mo chreach!

